

Comataidh Sgrùdaidh & Dearbhaidh

13/2/25, 1000-1300

Teams

Dreach geàrr-chunntas

Bòrd: Calum MacLeòid (sa Chathair) Calum Steele
Ingrid NicEanraig Lachlan Peel (bho 1115)
Iain Moireasdan (Neach-amhairc)

Luchd-obrach: Dòmhnall Caimbeul [DC] (Àrd-Oifigear)
Lorna Nicamhlaigh [LMA] (Stiùiriche Com-pàirteachais & Leasachaidh)
Sarah NicDhòmhnaill [SMD] (Cunntasair)
Donaidh Dòmhnallach [DMD] (Ceannard Gnìomhachais)
Kristina NicChoinnich [KMCK] (Foghlainneach Ionmhais)
Kathryn NicAoidh [KMK] (Neach-taic Cunntasachd)
Iain MacGillÌosa [IG] (Manaidsear IT) – puing 6
Uisdean MacLeòid [UML] (Ceannard Teicneòlas & Oighreachd) – puingean 6
Eunice McAdam & Zarine Manekshaw (Saffery) – puing 7
Mairi Anna NicAonghais [MAMI] (a' sgrìobhadh geàrr-chunntas)

1. Leisgeulan

1.1 Cha robh gin.

2. Gnothaichean dearbhte

2.1 Cha robh gin.

3. Geàrr-chunntas na coinneimh mu dheireadh (7/11/24) & GAE

3.1 Geàrr-chunntas - molaichte le Calum MacLeòid agus daingnichte le Ingrid NicEanraig.

3.2 GAE - Comharraichte.

4. Pasgan Cunntasachd Q3 2024-25

4.1 Bha Pasgan Cunntasachd na ràithe seo air beulaibh nam ball.

- 4.2 Chaidh innse gu bheil e làn dhùil gun tèid an *variance* ann an cosgais susbaint a lùghdachadh ro dheireadh na bliadhna ionmhais le tòrr airgid ri dhol a-mach.
- 4.3 Chaidh mìneachadh a thoirt seachad airson an *variance* ann an cosgaisean luchd-obrach sa bhliadhna gu ruige seo, air sgàth dàil fastaidh. Tha cuid de dhreuchdan air an lìonadh ann an Q4 agus tha dùil ri cosgaisean àrdachadh bhon Ghiblean, le tuilleadh fastaidh san amharc agus àrdachadh reachdail ann Bidh dleasan Àrachais Nàiseanta cuideachd a' toirt buaidh air a' bhile pàighidh.
- 4.4 Chaidh ceist a chur a bheil còrr aig deireadh na bliadhna ag adhbharachadh duilgheadasan nuair a thèidear airson maoinachadh a bharrachd. Chaidh innse gu bheil an àireamh sna cunntasan air beulaibh na Comataidh suas gu deireadh an Dùbhlachd agus gu bheil dùil gum bi suim co-ionnan ri feumalachdan a' Ghiblein sa bhanca aig deireadh na bliadhna, rud a bhiodh reusanta.
- 4.5 Chaidh ceist a chur dè an t-airgead a dh'fhaodadh a bhith air a shàbhaladh nan deigheadh a' mhòr-chuid de luchd-obrach airson *salary sacrifice*. Thuirt SMD gu bheil seisean mun seo dha thoirt seachad do luchd-obrach air 19/2/25 agus gur e *opt-in* basis a bhiodh ann. Cha robh am figear sàbhalaidd sin aice ri làimh. Chaidh a ràdh gu faighear e ach cha robh am ball dha iarraidh. Chaidh innse gu robhas a' toirt an t-siostam rola-pàighidh in-thaigh bhon Ghiblean a nì sàbhaladh ann an cosgaisean agus bheireadh seo barrachd smachd a thaobh peinneanan agus a bhith a' dèanamh atharrachaidhean annta.
- 4.6 Chaidh bruidhinn air cosgaisean chomhairlichean, agus chaidh mìneachadh a dhèanamh air cosgaisean na bliadhna.
- 4.7 Chaidh cosgaisean àrd HR an comharrachadh. Leis an atharrachadh buidhne a tha a' dol air adhart an-dràsta agus a bhios a' leantainn airson greis bha agus bidh cosgaisean HR àrd. Bha ceist ann an robhas aig ìre far an robh feum air cuideigin fhadthastad in-thaigh airson gnothaichean HR ach gu robh adhbharan ann airson agus an aghaidh sin. Bha aithneachadh ann gu feum ar comasan HR in-thaigh àrdachadh.
- 4.8 **Co-dhùnadh:** bha buill riaraichte.

5. OKR/KPI Dashboard Q3 2024/25

- 5.1 Bha pàipear agus OKRan/KPIan air beulaibh bhall agus bhruidhinn DMD mun phàipear.
- 5.2 Chaidh aithneachadh gur e cairteal fallainn a bh' ann a thaobh luchd-amhairc.
- 5.3 Chaidh an isleachadh ann an àireamhan fhilmichean ann am farpais FilmG a chomharrachadh ach le aithne gu robh an-uiridh gu h-àraidh àrd agus gu robh feabhas nam filmichean nas àirde am-bliadhna.

- 5.4 **Co-dhùnadh**: bha buill riarachtaiche.
- 5.5 **Gnìomh**: Thèid fiosrachadh a bharrachd a shireadh bho Astar Media agus thèid an tuilleadh fiosrachaidh a chur dha na KPlan aig an ath choinneamh. (DMD)

6. Frèam-obrach Dearbhaidh

Dashboard/ aithisg adhartais

- 6.1 Bha *dashboard* agus aithisg adhartais air beulaibh bhall agus bhruidhinn KMK mun phàipear.
- 6.2 Chaidh innse gu bheil obair a' leantainn gus na comharran buidhe an tionndadh gu uaine.
- 6.3 **Co-dhùnadh**: bha buill riarachtaiche.

In-sgrùdadh

- 6.4 Chaidh innse gu bheileas a' cur an sàs na molaidhean bhon sgrùdadh air Smachdan Ionmhais agus Foill.
- 6.5 Thachair trèanadh air Solarachadh airson an sgioba ionmhais agus cuid a luchd-obrach eile agus gu bheil trèanadh luach an airgid a' tachairt sa Ghearran.
- 6.6 **Co-dhùnadh**: bha buill riarachtaiche.

Aithisg shònraichte air Dìon-saidhbear

- 6.7 Bha aithisg air beulaibh bhall agus bhruidhinn IG mun phàipear.
- 6.8 **Co-dhùnadh**: bha buill riarachtaiche, le aithne gu robh sgrùdadh air Dìon-saidhbear a' tachairt san Ògmhios.

Aithisg shònraichte air Plana Leantainneach Gnothaich

- 6.9 Bha aithisg air beulaibh bhall agus bhruidhinn UML mun phàipear.
- 6.10 Tha dùil gun tachair an sgrùdadh aig deireadh a' Ghearrain.
- 6.11 **Co-dhùnadh**: bha buill riarachtaiche.
- 6.12 **Gnìomh**: thig toraidhean an sgrùdaidh air ais chun Chomataidh aig an ath choinneamh. (UML)

Clàr Riosgan

- 6.13 Bha aithisg agus clàr riosgan air beulaibh bhall agus bhruidhinn UML mun phàipear.
- 6.14 #14 – chaidh deasbad a chumail mun dòigh as fheàrr an cunnart seo a làimhseachadh - ri linn an teagamh gun tèid dìon laghail a thoirt don mhodail craolaidh Gàidhlig.

- 6.15 Chaidh innse gu bheileas a' leantainn le conaltradh le luchd-poilitigs aig Westminster, Riaghaltas na h-Alba agus an DCMS. Tha Rùnaire na Stàite a' coinneachadh leis an Leas-Phrìomh Mhinistear gach mìos agus tha MG ALBA air a' chlàr-obrach aca.
- 6.16 Chaidh innse gu bheileas a' cur fianais gu ruige *State of Play* (rannsachadh le Comataidh a' Chultair, Meadhanan agus Spòrs) beachdan a chuir a-steach air na bu chòir don Chomataidh a bhith a' sgrùdadh) sa Ghearran agus gun cuirear fàilte air rannsachadh bhuapa.
- 6.17 Chaidh innse gu bheil an Leas-Phrìomh Mhinistear a' tadhail air oifis Ghlaschu sa Ghearran agus tha sin na adhbhar mhisneachd.
- 6.18 Chaidh innse gu bheileas a' dèanamh oidhirpean pròifil BBC ALBA agus MG ALBA àrdachadh le tachartasan nas fhaide air adhart sa bhliadhna.
- 6.19 Chaidh iomradh a thoirt air cuspairean eile a bhathas a' làimhseachadh: a) gu bheil cha mhòr an dàrna leth den luchd-obrach air tòiseachadh sa bhuidheann sna còig bliadhna mu dheireadh (feadhainn aca air cùmhnantan goirid); b) gu bheileas an-dràsta a' cur an sàs cruth-atharrachadh sa bhuidheann agus a' cur an sàs siostaman ùra agus c) gu bheil dà làrach aig a' bhuidheann a thaobh Steòrnabhagh agus Glaschu. Tha obair ri dhèanamh gus na nithean sin a làimhseachadh agus uallaichean sgioba a chothromachadh. Thathas air adhartas a dhèanamh le bhith a' cruthachadh Buidheann Obrach Òigridh.
- 6.20 **Co-dhùnadh:** bha buill riarachte.

7. Luchd-sgrùdaidh – planadh

- 7.1 Thaisbean Eunice McAdam agus Zarine Manekshaw bho Saffrey aithisg planaidh an luchd-sgrùdaidh gu buill.
- 7.2 Chaidh taing a bhuileachadh dhaibh airson a bhith an làthair.
- 7.3 **Co-dhùnadh:** bha buill riarachte
- 7.4 **Gnìomh:** thig an sgrùdadh air adhart agus bidh seo air clàr na Comataidh sa Chèitean. (SMD)

8. Poileasaidhean

- 8.1 Bha pàipear le liosta de na poileasaidhean (seach na poileasaidhean fhèin) a chaidh an ùrachadh sa chairteal seo air beulaibh na Comataidh.
- 8.2 Chaidh innse gun deach lèirmheas a dhèanamh orra agus chaidh dearbhadh a thoirt seachad gur e atharrachaidhean beaga, nach robh susbainteach, a chaidh a dhèanamh.
- 8.3 Thèid na n-atharraichean an cuir an sàs agus thèid tionndaidhean às ùr fhoillseachadh agus thèid leantainn le trèanadh iomchaidh.

- 8.4 Chaidh dà phoileasaidh a chomharrachadh air a bheil obair dha dhèanamh an-dràsta – Poileasaidh Obrachadh Sùbailte (Flexible Working Policy) agus Poileasaidh Dìon (Safeguarding Policy) Thig an dà phoileasaidh sin fa chomhair na Comataidh nuair a tha an obair ullamh.

Co-dhùnadh: bha buill riaraichte.

- 8.5 **Gnìomh:** thig an dà phoileasaidh mar aig 8.4 chun na Comataidh nuair a tha iad deiseil.

(MAMI)

9. Lèirmheas bhliadhnail air cùmhnantan seirbheis

- 9.1 Bha pàipear air beulaibh na Comataidh le fiosrachadh air cùmhnantan seirbheis, le fiosrachadh air feadhainn a bha a’ dol tro phròiseas solarachaidh san ùine air thoiseachd.
- 9.2 Chaidh innse gum bi cùrsa trèanaidh air Luach an Airgid (Value for Money) a’ tachairt sa Ghearran agus às dèidh sin thèid eacarsaich air Luach an Airgid a chumail tron t-Samhradh. Bhathas dòchasach às dèidh an trèanaidh seo gum bi tuigse nas fhèarr ann air ciamar a tha nithean eile seach dìreach cosgais a’ cur ri tuigse luach an airgid.
- 9.3 Chaidh innse gu bheil sgrùdadh dha chumail le gach neach le uallach buidseit gus dèanamh cinnteach gu bheileas a’ coimhead ri luach an airgid aig gach ìre agus fo gach loidhne den bhuidseat gus cur às de chosgais sam bith nach eil a’ cur ri amasan na buidhne.
- 9.4 Chaidh ceist a chur a thaobh ciamar a thathas a’ tomhas luach an airgid airson prògraman, a tha saor bho sholarachadh. Chaidh innse gum bi an Sgioba Phrògraman a’ dol a-mach gu pròiseas solarachaidh farpaiseach agus gu bheil gach co-dhùnadh stèidhichte air ciamar a thathas a’ cur ri OKRan na buidhne.
- 9.5 Chaidh a ràdh gu bheil e cudromach gu bheil slatan-tomhais ann nuair a thig e gu luchd-solar a bhith a’ measadh an dèanadas aca fhèin.
- 9.6 Chaidh soilleireachadh a thoirt seachad air eisimpleirean nuair a tha solarachadh millteach a thaobh feumalachdan gnìomhachais.
- 9.7 Dh’iarr a’ Chomataidh barrachd sùbailteachd a chur ris a’ Phoileasaidh Solarachaidh gus comas a thoirt don bhuidheann a dhol ann an cùmhnant le buidheann/neach gu dìreach nuair a bhiodh feumalachd gnìomhachais ann.
- 9.8 **Co-dhùnadh:** bha buill riaraichte.
- 9.9 **Gnìomh:** thig am Poileasaidh Solarachaidh ùrachadh agus thig e chun na h-ath choinneimh agus an uair sin air adhart chun Bhùird. (SMD)

10. Riaghlachas na Comataidh

- 10.1 Bha Plana-obrach airson 2025/26 air beulaibh na Comataidh airson beachdan.

10.2 **Co-dhùnadh**: bha buill riarichte.

10.3 **Gnìomh**: thig am Plana-obrach airson 2025/26, an cois Aithisg na Comataidh airson 2024/25 agus Fèin-mheasadh na Comataidh airson 2024/25 chun na h-ath choinneimh airson aonta. [\(MAMI\)](#).

12. GISBE

12.1 Chaidh innse gum biodh DC agus LMA an làthair aig òraid an t-Sabhail air 20/2/25 agus gu robh fàilte ro bhall sam bith a bhith ann.

13. Deit na h-ath choinneimh – 27/5/25

Ainm sgrìobhte a' chathraiche:

Deit: